

# CUAIRT-LITIR Earrach 2010

## AN T-ALLTAN 2010

Duilleag 7



Ceannard Ùr	2
Stòrlann & CCEA	3
Catalog Air-loidhne	3
Bright Red!	4
Ceumannan 2+3	5
Measadh Mòr	6
An t-Alltan	7
Stuthan Ùra	9
San Amharc...	10

**CEANNARD ÙR**  
Duilleag 2

**Catrìona**  
Duilleag 10



# CUAIRT-LITIR Earrach 2010

## Ceannard Ùr do Stòrlann



**C**haidh **Johanna Marshall** a chur ann an dreuchd mar **Cheannard Stòrlann** bho chionn ghoirid. Tha i a' tighinn chun na buidhne bho Chomhairle nan Eilean Siar, far an robh i na tidsear bun-sgoile ann an Àiridh an Tuim air Taobh Siar Leòdhais.

Buinidh Johanna don Bhac ann an Eilean Leòdhais. Fhuair i ceum B.Ed le urram bhon Cholaiste a Tuath ann an Obar Dheathain. Tha i air a bhith ag obair an dà chuid na tidsear agus na prìomh thidsear ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann am bun-sgoiltean ann an Sruighlea agus Leòdhas.



Hallò, chàirdean.

Tha mi air ùr-thòiseachadh agus abair gu bheil mi a' coimhead air adhart ris an dùbhlán ùr, inntinneach a tha romham. Tha mi a' coimhead air adhart gu mòr ri Stòrlann a thoirt air adhart gu soirbheachail mar bhuidheann aig an àm bhrosnachail seo ann am foghlam.

Bu mhiann leam an cothrom seo a ghabhail airson hallò a chantainn ribh. Tha mi a' coimhead air adhart ri obrachadh còmhla ribh agus is dòcha coinneachadh ribh a dh'aithghearr.

Ma tha càil sam bith a tha sibh a' feumachadh, na biodh leisg oirbh am fòn a thogail no post-dealain a chur thugam. Thig a-steach agus tadhaill oirnn cuideachd aig àm sam bith.

Le gach deagh dhùrachd  
Johanna

Ceannard Ùr  
Catalog air-loidhne  
Stòrlann & CCEA  
Bright Red!  
Ceumannan 2+3  
Measadh Mòr  
An t-Alltan  
Stuthan Ùra  
San Amharc...

[www.storlann.co.uk](http://www.storlann.co.uk)

[www.anseotal.org.uk](http://www.anseotal.org.uk)

[www.gaelic4parents.com](http://www.gaelic4parents.com)



## Catalog air-loidhne

A dh'aithghearr, thèid làn-liosta de stuthan **Stòrlann** a tha rim faotainn a chur air an làraich-lìn againn mar chatalog air-loidhne airson sealltainn orra. Bheir an catalog seo iomradh goirid air gach stòras a tha **Stòrlann** air a chur a-mach thairis air na bliadhnaichean, agus dealbh den chòmhdach.



## Stòrlann gu bhith a' co-obrachadh le CCEA

Ann a bhith a' cruthachadh tuilleadh chompairteachasan le buidhnean ùra agus le dùthchannan aig a bheil cànanan dùthchasach, co-obrachidh **Stòrlann** le **Comhairle Curraicealaim, Dheuchainnean agus Measaidh Èireann a Tuath** air pròiseact airson àrd-ìre na bun-sgoile. 'S e amas a' phròiseict gun tèid co-dhreachan Gàidhlig agus Gaeilge de sgeulachdan traidiseanta le dealbhan dathte a dheasachadh agus fhoillseachadh. Bhiodh notaichean tidseir air an libhrigeadh air leth air-loidhne gus an stòras a dhèanamh iomlan.

Tha **Stòrlann** air co-obrachadh mar-thà le luchd-compàirt Cuimreach agus cuidichidh an compairteachas ùr seo còmhla ri ar caraidean Èireannach le bhith a' roinn tuilleadh eòlais air leasachaidhean ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus na Gaeilge, gu sònraichte a thaobh goireasan curraicealaim agus innleachdan ionnsachaidh agus teagaisg ùra, le sùil ri cleachdaidhean a leasachadh, nas urrainn de stòrasan fhaighinn agus an luach-airgid as fheàrr cuideachd.



Ceannard Ùr  
Catalog air-loidhne  
Stòrlann & CCEA  
Bright Red!  
Ceumannan 2+3  
Measadh Mòr  
An t-Alltan  
Stuthan Ùra  
San Amharc...

[www.storlann.co.uk](http://www.storlann.co.uk)  
[www.anseotal.org.uk](http://www.anseotal.org.uk)  
[www.gaelic4parents.com](http://www.gaelic4parents.com)



**B**idh Stòrlann “Bright Red” a dh’aithearr ach cha bhi sinn air ar maslachadh idir! Airson a’ chiad uair, bidh cothrom aig sgoilearan (An Ìre Choitcheann: Gaelic agus Gàidhlig) leabhraichean de dheuchainnean **SQA** a cheannach. Aig an àm seo den bhliadhna, bidh sgoilearan agus pàrantan a’ gearan nach eil seann phàipearan deuchainn ann an Gàidhlig rin ceannach an taca ri cuspairean eile.



Tha Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig, **SQA** agus **Bright Red Publishing** (aig a bheil an cùmhnant airson nan leabhraichean eile) air a bhith ag obrachadh gu dlùth còmhla gus seo a chur air dòigh. Ma shoirbhicheas leinn aig an Ìre Choitcheann, tha sinn an dùil sùil a thoirt air pàipearan Àrd-ìre an uair sin.

Tha sinn fada an comain **SQA** agus **Bright Red Publishing** airson ùidh mhòr a ghabhail sa phròiseact seo agus tha sinn an dòchas gum bi na leabhraichean 2007-2010 a’ nochdadh sna bùthan ann an ùine nach bi ro fhada. Tha sinn an dùil gum bi buaidh aig a’ phròiseact seo air Ìomhaigh na Gàidhlig anns na h-àrd-sgoiltean. Tha sgoilearan Gàidhlig a cheart cho àiridh air stuth-taic ri sgoilearan sam bith eile agus chì iad gu bheil na h-aon ghoireasan rim faighinn ann an Gàidhlig ‘s a tha anns na cuspairean eile aca.



Ceannard Ùr  
Catalog air-loidhne  
Stòrlann & CCEA  
Bright Red!  
Ceumannan 2+3  
Measadh Mòr  
An t-Alltan  
Stuthan Ùra  
San Amharc...


[www.storlann.co.uk](http://www.storlann.co.uk)  
[www.anseotal.org.uk](http://www.anseotal.org.uk)  
[www.gaelic4parents.com](http://www.gaelic4parents.com)



Bidh **Ceumannan 2 agus 3** anns na sgoiltean san Ògmhios 2010. Bheir iad seo luchd-ionnsachaidh gu ceann Ìre 3 sa **Churraicealam airson Sàr-mhathais**. Tha na leabhraichean a-nise sgrìobhte agus tha luchd-dealbhachaidh a' cur gleans orra an-dràsta fhèin. Bidh sinn a' clàradh earrannan èisteachd a dh'aithghearr agus tha Stòrlann cuideachd air a bhith ag obair air barrachd stuth air-loidhne – mar eisimpleir, sreath de gheamannan coimpiutair stèidhichte air a' chànan ùr sna leabhraichean.

Tha sinn air a bhith ag obair an co-bhonn ri companaidh dealbhachaidh gus geamannan sònraichte a chruthachadh. Bidh cothrom aig sgoilearan am fear beag a tha seo a leantainn tro sheachdain uabhasach inntinneach far a bheil e an sàs ann an iomadh seòrsa rud: a' tadhal air ionad-slàinte, a' toirt taic dhan phoileas no a' dràibheadh tagsaidh timcheall a' bhaile, am measg tòrr de rudan eile. Bidh gach latha anns a' ghèam air a cheangal ri faclan ùra no puingeagan cànan sònraichte agus thathar

an dùil gun gabh na sgoilearan ùidh anns a' bheathach bheag laghach a tha seo. Cò aig a tha fios nach bi iad airson beagan obair-dachaigh a dhèanamh a' cluich air na geamannan – agus cò chuireadh maill orra?



### Farpais Ceumannan 2 agus 3!

A bheil thu math air geamannan coimpiutair? A bheil thu ag iarraidh iPod a bhuannachadh? Nochdaidh am fear beag annasach seo ann an geamannan ùra **Ceumannan 2 agus 3** air-loidhne. Bidh tòrr spòrs agad ga leantainn tro sheachdain uabhasach inntinneach far am bi an curaidh beag an sàs ann an iomadh seòrsa rud. Ach saoil dè an t-ainm a bhios air? Tha **Stòrlann** ag iarraidh ort smaoineachadh air ainm a bhiodh freagarrach dha.

Faodaidh sgoilearan Gàidhlig – fileantaich agus luchd-ionnsachaidh, bun-sgoile no àrd-sgoile pàirt a ghabhail san farpais. Cuir post-d gu **ceumannan@storlann.co.uk** le ainm ùr dhan fhear bheag, ag innse dè an t-ainm a thagh thu. Feumaidh tu cuideachd innse dhuinn dè an t-ainm a th'ort fhèin, cò an sgoil anns a bheil thu agus dè an aois a tha thu. Feumaidh na tagraidhean a bhith a-steach ro **Dhiahaine 7 An Cèitean**. Sgaoilidh sinn fios mu cò bhuannaicheas air an ath sheachdain.

Tha sinn a' coimhead air adhart gu mòr ri ainm ùr a thoirt dha. **Siuthad a-nise!** Nach biodh e math iPod ùr fhaighinn dhut fhèin agus fios agad gur tu a thug ainm dhan ghaisgeach bheag againn?



# CUAIRT-LITIR Earrach 2010

## Measadh Mòr

**T**ha **Stòrlann** air a mhaoineachadh le Rìaghaltais na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig gus prògraman de ghoireasan curraicealaim agus leasachadh dreuchd leantainneach a libhrigeadh do dh'fhoghlam Gàidhlig. Aig an ìre seo tha a' bhuidheann còrr air leteach slighe tro phrògram trì bliadhna agus tha sinn a-nis a' coimhead air adhart ri prìomhachasan nan ath trì bliadhna.

Le sin feumaidh sinn ur cuideachadh!! Ann a bhith a' dealbh phlanaichean ùra tha sinn

a' cur feum air beachdan luchd-teagaisg a thaobh gach cuid **PRÌOMHACHASAN** airson an àm ri teachd agus **CÀILEACHD** nan stuthan a bh' air an dèanamh tron phrògram roimhe. Leis mar a tha Curraicealam ùr ann an Alba agus teisteanasan ùra ri thighinn, tha sinn ga mheas riatanach coimhead air ais thairis air **CÒIG** bliadhna gus dearbhadh dè na stuthan a tha a' freagairt air an àm ri teachd.

Tha sinn a' cur luach air ur beachdan agus bhìomaid fada nar comain nan lionadh

sibh am foirm a bhios a' tighinn thugaibh a dh'aithghearr; tha sinn a' meas gun toir e mu leth-uair a thìde. Nuair a lionas sibh e, tha cèis phàighte na chois airson a thilleadh thugainn.

Thèid a h-uile foirm a thig air ais thugainn aig Stòrlann don aid, agus buannaichidh a' chiad deich a thig aiste

## iPOD SHUFFLE

don fheadhainn a lìon iad.





Na bu thràithe air an t-seisean seo, chaidh ceistean gu Ceannardan ag iarraidh am beachdan air dè chòrdadh ris an luchd-obrach aca fhaicinn aig an **Alltan** agus dh'èist sinn ris na beachdan sin. Mar sin tha an **An t-Alltan** air stèidh ùr, bhuntainneach am-bliadhna. 'S e ar n-amas gum bi na riochdairean a bhios an làthair a' tilleadh dha na sgoiltean an dèidh dà latha agus iad air am misneachadh, air am brosnachadh agus air an togail mu nas urrainn **Stòrlann** a thairginn dhaibh. Bidh ionnsachadh Gàidhlig na cloinne tron **Churraicealam airson Sàr-mhathais** na phrìomh amas aig a' chòmhaidhail.

Na tha An t-Alltan ag amas a thoirt seachad:

- Prìomh òraidichean brosnachail air cuspairean a' buntainn ri ionnsachadh na Gàidhlig agus Curraicealam airson Sàr-mhathais
- Bùithtean-obrach a mhisnicheas tu gus nithean fheuchainn sa chlasrum!
- Goireasan ùra bho Stòrlann
- Mar a ghabhas na goireasan a chleachdadh
- Eisimpleirean eadar-ghnìomhail – luchd-obrach Stòrlann, luchd-obrach sgoile agus sgoilearan a' cleachdadh nan goireasan againn
- Curraicealam airson Sàr-mhathais – goireasan bho Stòrlann agus an t-slighe air adhart
- A' coinneachadh a chèile le amas soilleir fa-near dhuinn



## An t-Alltan 2009



Ceannard Ùr  
Catalog air-loidhne  
Stòrlann & CCEA  
Bright Red!  
Ceumannan 2+3  
Measadh Mòr  
**An t-Alltan**  
Stuthan Ùra  
San Amharc...

[www.storlann.co.uk](http://www.storlann.co.uk)

[www.anseotal.org.uk](http://www.anseotal.org.uk)

[www.gaelic4parents.com](http://www.gaelic4parents.com)



Le bhith mothachail air ar lèirsinn agus ar n-amasan, bu mhath leinn gu mòr gum biodh **An t-Alltan** na fhòram far am biodh luchd-teagaisg ag ionnsachadh, a' roinn agus ag iomlaid deagh mhodhan-obrach. Ma dh'fheuch thu fhèin, leat fhèin no còmhla ri co-obraiche/an, rudeigin às ùr a dh'obraich gu math, inns dhuinn agus bhìomaid ro thoilichte nam biodh tu deònach innse do dhaoine eile mu dheidhinn.



**Tha feum aig  
Stòrlann  
ORT!**

Ge b' e dè an raon sa bheil mòran eòlais agad, **Bogadh sa Ghàidhlig, Ionnsachadh Gnìomhach, GLOW** agus cleachdadh **ICT** thar a' churraicealaim, Ionnsachadh Eadar-chuspaireil no raon sam bith eile a tha a' buntainn ri **CfE**, bu mhath leinn cluinntinn bhuit. Cuiridh sinn fios nas fhaisg air an àm, ach na biodh leisg ort fònadh no post-d a chur thugainn ma tha thu deònach pàirt a ghabhail. Bidh sinn ro thoilichte cluinntinn bhuit.

Cuimhnich gun cùm sibh **Diciadain 6** agus **Diardaoin 7 Dàmhair** 2010 saor. Cumar **An t-Alltan** ann an **Taigh-òsta Dhrùim Athaisidh** ann an Inbhir Nis. Tha sinn a' tuigsinn gu bheil e cosgail luchd-teagaisg ionaid a thoirt a-steach do sgoil ach bhiodh e math nam b' urrainn co-dhiù aon neach às an sgoil, no barrachd, a bhith an làthair. Faodaidh iad an uair sin tilleadh dhan sgoil agus obrachadh gus smuaintean a thoirt air adhart a chum math gach pàiste san sgoil.

Bidh tuilleadh fiosrachaidh mu bhith a' gleidheadh àite ri fhaotainn ro dheireadh an t-seisein seo. Tha sinn an dòchas gum faic sinn ann thu. Bidh fàilte chridheil a' feitheamh ort!



Ceannard Ùr  
Catalog air-loidhne  
Stòrlann & CCEA  
Bright Red!  
Ceumannan 2+3  
Measadh Mòr  
**An t-Alltan**  
Stuthan Ùra  
San Amharc...

[www.storlann.co.uk](http://www.storlann.co.uk)

[www.anseotal.org.uk](http://www.anseotal.org.uk)

[www.gaelic4parents.com](http://www.gaelic4parents.com)



## BUN-SGOIL

### Leabhraichean Mòra - Persephone, Na Ceithir Dràgoin agus Doimhneachd na Mara/Roban is Robag

Trì leabhraichean mòra ùra, agus tha **Persephone agus Na Ceithir Dràgoin** nan leabhraichean-d. Tha na goireasan seo gu sònraichte airson **leughadh agus sgrìobhadh com-pàirtichte**, ach faodar an cleachdadh ann an iomadh dòigh eadar-dhealaichte. Nuair a tha sibh a' cnuasachadh air mar a chleachdas sibh an goireas seo, 's dòcha gum bu toigh leibh coimhead air na notaichean bho sheisean **Màiri Nic a' Mhaoilein** (LTS) air leughadh agus sgrìobhadh com-pàirtichte aig 'An t-Alltan' ann an 2008. Gheibhear iad aig [www.storlann.co.uk/an-t-alltan](http://www.storlann.co.uk/an-t-alltan) agus tha sinn an dòchas gum bi ùidh agaibh annta.



### ICT Tràth Ìrean

Chaidh ICT nan Tràth Ìrean a dhealbh airson clann ro-sgoil agus clann sa chiad dà bhliadhna den bhun-sgoil. Tha an stuth air an diosg air a roinn na thrì cuspairean, **Biastragan is Cuirtean-beatha, Cumadh, Dath is Pàtran agus Comharrachadh is Fèisean**. Airson gach cuspair tha ro-ràdh, gnìomhachdan aig dà ìre, agus duilleagan-obrach airson an clò-bhualadh. Tha an CD air a dhealbh air dhòigh 's gun tèid a chleachdadh còmhla ri Leabhraichean an Tìseir a tha na chois, a mhìnichas amasan nan gnìomhachdan eadar-obrachail air an CD-ROM, agus mar sin gheibh an dà chuid an tìsear/ stiùiriche-cluiche agus an leanabh bhuannachd agus an tlachd as motha asta.



## ÀRD-SGOIL

### Cridhe Dorch an t-Samhraidh / Mus Tig an Oidhche

Airson àrd-sgoiltean, tha Stòrlann air deasachadh 'dùbailte' a chur a-mach le dà nobhail bheag bho ùghdaran Albannach ainmeil anns an aon chòmhdach: **'Cridhe Dorch an t-Samhraidh'** le Aileen Gibbons, agus **'Mus Tig an Oidhche'** le Keith Gray a chaidh a chur air adhart ann an 2008 airson duais Costa. Tha na nobhailean le chèile nan gaoir-sgeòil agus tha sinn an dòchas gun còrd e ri na sgoilearan agaibh a bhith gan leughadh.

### Linn nan Caochlaidhean Mòra

Tron leabhar seo coinnichidh an leughadair ris an fhianais a chuidich luchd-eachdraidh ann a bhith a' tuigsinn nan daoine a bha beò ann an **Linn nan Caochlaidhean Mòra**.





### Nuadh-eòlas AS1 AS2

Buinidh **Nuadh-eòlas AS1-AS2** do shreath leabhraichean a bhuannaich duaisean agus air an robh fèill mhòr. Tha an leabhar air ath-sgrùdadh agus tha fiosrachadh air ùrachadh san fhoillseachadh seo. Tha a h-uile càil a bha cudromach mun chiad fhoillseachadh air a ghleidheadh agus tha aonadan ùra mu chuspairean tarraingeach air an cur ris.

### Matamataig Teejay Ìre F

Tha an leabhar-teacs seo dìreach air tighinn thugainn sna h-oifisean 's bidh e agaibh sna sgoiltean a dh'aithghearr. 'S e seo an treas leabhar a tha sinn air a dhèanamh bhon t-sreath seo; tha sinn air **Ìre D** agus Ìre E a dhèanamh reimhid. Tha sinn an dràsta ag obair air tionndadh Gàidhlig de **Ìre C** a bhios agaibh am-bliadhna.



Ceannard Ùr  
Catalog air-loidhne  
Stòrlann & CCEA  
Bright Red!  
Ceumannan 2+3  
Measadh Mòr  
An t-Alltan  
Stuthan Ùra  
San Amharc...

[www.storlann.co.uk](http://www.storlann.co.uk)  
[www.anseotal.org.uk](http://www.anseotal.org.uk)  
[www.gaelic4parents.com](http://www.gaelic4parents.com)





## Mìrean

Tha **Mìrean** a-nis sgrìobhte agus aig ìre deasachaidh agus dealbhachaidh. 'S e cd-rom a bhios an seo air am bi mìneachadh air puingeann gràmair a chuidicheas tidsearan le bhith a' leasachadh gràmar nan sgoilearan. Bidh mìneachadh sìmplidh mu choinneamh gach puing agus gnìomhan a dh'fhaodas an tidsear a dhèanamh còmhla ris na sgoilearan gus an cànan a leasachadh. Chaidh an sgeama seo a' sgrìobhadh le **Dòmhnall iain MacLeòid** agus chaidh na stuthan-taic an taghadh agus an dèanamh le **Angela Kennedy**. Thàinig an sgeama gu bith às dèidh iarrtasan bho thidsearan airson cuideachadh le teagasg gràmair sa bhun sgoil.

## Faclair na Sgoile

Tha **Faclair na Sgoile** an-dràsta aig priont agus bidh e agaibh a dh'aithghearr sna sgoiltean. 'S e ùrachadh den fhaclair Ghàidhlig **Brìgh nam Facal** le **Richard Cox**, a chaidh fhoillseachadh ann an 1991, a tha seo. Chaidh tòrr obair a dhèanamh gus am biodh an tionndadh ùr feumail do thidsearan a thaobh teagasg. Am measg nan atharrachaidhean tha na faclan-cinn ann an litrichean tiugha dearga agus air oir gach duilleig tha an aibideil sgrìobhte le bogsa dearg timcheall air an litir air a bheilear a' coimhead. Tha còmhach cruaidh air an fhaclair ùr cuideachd gus a dhìon. Tha sinn air ar dòigh gu bheil am pròiseact seo faisg air a' chrìch 's tha sinn an dòchas gum bi **Faclair na Sgoile** gu feum agus a' còrdadh ribh uile.



## Fo Bhruid

Ath-obrachadh den sgeulachd eachraidheil aig **Robert Louis Stevenson**, 'Kidnapped'.

Tha **Stòrlann** air leth toilichte an nobhail ùr seo a thoirt thugaibh. Chaidh an sgeulachd thùsail a foillseachadh ann an 1886. An seo tha i air a toirt beò san latha an-diugh, le **Torcuil Crichton**, agus cruth air a chur oirre a dh'fhosgla cuspairean còmhraidh sòisealta agus poiliteigeach do sgoilearan agus do leughadairean eile. Tha an sgeulachd stèidhte timcheall air Khaleel, balach òg à Glaschu.

## Catrìona a' tadhal a-rithist...

Tha ceithir leabhraichean ùra againn bhon t-sreath seo airson nan tràth-ìrean agus na sgoil-àraich. Tha **Ist** agus **Faigh Iasg Dhòmhsa** stèidhte timcheall air na cuspairean biadh agus bùithtean. An uair sin tha **Spòrs le Sgudal** agus **Gluasad Gleusta** stèidhte air togail mar ghnìomhachas. Tha pacaicean de stuthan-taic air gach cuspair a' dol còmhla ris na leabhraichean agus bidh cd-rom a' tighinn a-mach a dh'aithghearr air am bi audio de na sgeulachdan am measg rudan eile. Bidh notaichean do thidsearan rim faighinn ann an cruth pdf air làrach **Stòrlann**.




Ceannard Ùr  
Catalog air-loidhne  
Stòrlann & CCEA  
Bright Red!  
Ceumannan 2+3  
Measadh Mòr  
An t-Alltan  
Stuthan Ùra  
San Amharc...

[www.storlann.co.uk](http://www.storlann.co.uk)

[www.anseotal.org.uk](http://www.anseotal.org.uk)


[www.gaelic4parents.com](http://www.gaelic4parents.com)





### Atlas Sgoile

Atlas sgoile an là an-diugh, gu tur ùr, a tha ag amas air **prìomh fheumalachdan cruinn-eòlais**, a' cleachdadh mhapaichean didseatach a tha soilleir, ceart agus furasta a leughadh



### Leughaidhean Dealbh-cluiche Speak Out

Tha an goireas litearrachd eadar-sgarichte seo air a dhealbh gus **piseach a thoirt air fileantachd** ann an labhairt agus leughadh, tuigse ann an leughadh, briathrachas, agus sgilean sgrìobhaidh agus dràma fhad 's a tha eadar-obrachadh cuideachail air a bhrosnachadh eadar sgoilearan.



### National Geographic – A' Cleachdadh Stòrasan na Talmhainn

Minichidh '**A' Cleachdadh Stòrasan na Talmhainn**' cuid de na roinnean eadar-dhealaichte air an Talamh – coilltean-uisge, cuantan, fàsaichean agus beanntan – bhom bi daoine a' cruinneachadh stòrasan airson an cur gu feum. Tha gach tìotal san t-sreath ag amas air roinn eadar-dhealaichte agus an stòras sònraichte a thig aiste. Tha an cuspair seo a' rannsachadh nan stòrasan nàdarra a bheir an Talamh seachad agus mar a chleachdas daoine na stòrasan sin.



Ceannard Ùr  
Catalog air-loidhne  
Stòrlann & CCEA  
Bright Red!  
Ceumannan 2+3  
Measadh Mòr  
An t-Alltan  
Stuthan Ùra  
San Amharc...

[www.storlann.co.uk](http://www.storlann.co.uk)

[www.anseotal.org.uk](http://www.anseotal.org.uk)

[www.gaelic4parents.com](http://www.gaelic4parents.com)

